

APS. I. 85.181

T'AOIDHE MIOSAIL  
XI. 1847.







~~APS. 1.80.145~~  
APS. 1.85.181

AN

## T-AOIDHE MIOSAIL.

XI.

CEUD MHIOS A GHEAMHRAIDIH.

SGEULACHD AN T-SEANN DUINE.

III. SGEULACHD.

Clòdh-Bhuailte airson Comunn Fior Theagaisg Criodail a Ghàidheil.

DUN-EIDEAN:

R. LENDRUM 'S A CHUIDEACHD, 29 SRAID FIREDERIC.

1847.

*Reichte air son sgillinn.*

EDINBURGH:

PRINTED BY J. GOLDIE AND CO., 377 HIGH STREET.

LIBRARY  
B. C.  
S. DE  
OCT 1977  
UNIVERSITY

### III.

## SGEULACHD AN T-SEANN DUINE. COMH-DHUNADH.

---

STAD sinn an oidheche roimhe 'n ar sgeulachd far an d' ainmich a seann Duine gu 'm b' e toileachadh bu mhò a bh' aige conaltradh Chailein 'nuair a bhiodh teaghlaich Shir Eoghainn an Dunéideann 's a Gheamhradh, agus le litrichibh eutarra, nuair a bhiodh iad air an dìuthaich a' s t-Samhradh. Tha e na dhéigh sin a' dol air adhart mar a leanas.

B' i aon do na deadh phonean air 'n do chòrd Cailean 's mi fein cuibhrionn d' ar tuarasdal a chuir seachad na h-uile leth-bhliadhna gu feum oircheasach, oir bha fhios againn nach robh sinn fein a bhi bochd na lethsgéal idir dhuinn gu dearmad comhnadh a dheanamh riusan a bba na bu bhochda na sinn féin. Cha robh àit' aig Mae Dhé 's an cuireadh e a cheann, agus gidheadh chaidh e m' an cuairt a' deanamh maith. Bha daichaidh 'us teachd-an-tir againne, agus bha so tuilleadh 's a b' urrainn do mhoran a b' fhearr na sinn, theagamh, a ràdh. B' e mo bheachDSA, ma ta, an deichcamh cui'd a chuir air leth, do bhrìgh s gu bheil an deicheadmh air a toirt fainear 's a Seriob-

tur mar chòir Dhe d' ar maoin, agus so a thoirt do dh-Eaglais Dé, a mheudachadh a sheirbhcis-san agus a chomhnadh a bhochdan.

Na uaireannan smuaintichinn gu 'n robh tuillidh 's a choir 's an deicheamh, ach chuir Cailean a' m' chuimhne nach d' rinn a thabhartas do Dha duine riabh dad na bu bhochda, agus gu 'm beannuicheadh an t-Uile-chumhachd-ach mo stòr. Dh-aontaich mi ris a so, agus tha mi a rìreamh a' creidsinn gu 'n do bheannuich Dia mo stòr, oir ged a' thoisich mi 's an t-saoghal gun pheighinn agam, cha d' fhairich mi gus an latha diugh ciod i bochdainn, na goinnc. B' e mo chleachdadhl diongmhalt, anns gach staid, an deicheamh euid da m' mhaoin a chuir air leith, agus thug mi so daonnan fainear mar chuibhrionn Dé 's cha chuimhne leam riabh bristeadh oirre.

'S mi bha aoibhneach an ceud tuarasdal a fhuair mi, an ceud airgiod ris am b' urrainn domh mo chuid fein a ràdh ; cosnadh mo lamhan fein ; cha robh mo thuarasdal 's an àm achi beag, ach bha mis', a' m' bharail fein, beartach a rìreamh leis.

Ach sheall mi air Cailean mar neach bu shona gu mor na mi fein, a chionn gu 'n robh màthair 'us piuthar aige d' aп tugadhl e' chuid. Bha iad uile nise moran na b' fhéarr dheth ; ghabh iad tigh goirid bho 'n tigh stòir 's an robh Cailean, agus 's an oidhche bha e 'n tigh a inhàthar. 'S e àm bu shona da m' bhliadhna 'n t-àm 's an robh sinn an Dun-éideann, òir an sin b' e daonnan mo bheatha, gach uair a gheibhinn cothrom dol am mach, an teaghlaich Chailein. Ghabh à mhàthair rium daonnan le caoimhneas màtharail, theireadh i à dà ghiullan ruinn agus b' e m' aoibhneas, le m' sgillinnibh còr, rudan beaga cheannach dh' i fein 's d' a h-ighinn. Ach, le dhùnadh a

stigh, 's an tigh stoir, far an robh e sgriobhadh fad dheich uairibh d' an là, bhrist a shlàint' air Cailean, agus, 's an dà bhliadhna chaidh a nis seachad, dh-fhas e gle għlas-neulach, agus lóm caol.

Ach dh-fhas e beagan na b' fhearr, agus chaidh sinn air ar n-adhart greis bhliadhñachan gu h-aoibhneach toilichte. Dh-éirich mise, le stuamachd, onair, agus dieheall, ann a' m' sheirbheis, agus dh-àrdaieheadh mo thuarasdal. 'S e eunnard bu mhò 's an robh mi, gu 'n tugadhl mo shoirbheachadh gu mi-chùram mi.

Ged' a bha mi anns an àm so an àrd mhisnich, gidheadh cha d' thainig mi fathast gu m' làn shonas. Cha għabb sibh iongatas r' a chluinntinn, an déigh na thuirt mi m' a theagħlach Chailein, gu 'n tug sinn an eàirdeas a bha eadaruinn gu aonachd dàimħi na bu dlùithe. A' bheil iongatas ann ged' a thainig an dà dhileachdan għiullan, ä chinn a suas cuideachda gu staid agus innbhe dħaoine, m' a dheireadħ gu bhi 'n am braithrean.

Għabu Cailean rium, aig m' iarrtus dùrachdach mar fhear-eiridinn ä pheather, agus għabb Iseabal i fein mi gun obadh, oir bha eolas bhliadhñachan againn air a chéile. Bha sinn an sin làn toilichte, agus b' e 'n t-aon bħristealh sonais a bl' oirnn gu 'm b' ēgħiġ domhsa fuireach a' m-thiġi seirbhis, agus mar so nach robh sinn echo tric an eonaltradha a chéile 's bu mhaith leinn. Fad thri bliadhna lean sin air adhart mar so ann a slàint' agus ann a sonas. Dh-fluixi Iseabal an tigh ä 'màthar, agus għex mionaid a għabba seachnadli dħomlisa bha mi maille ritie.

Ré na h-uine 'bha mi ann a seirbheis Shir Eogħainn bha e ro thoilichte leam. Ach mu 'n àm so bha e dean-anħħi deas gu sgaoileadħ a chuir 's an teagħlach agus dol

thairis, agus nuair a bha e toirt mo chead dhomhsa thuirt e rium gu 'n robh e ro dhuilich dealachadh rium, ach gu 'n tugadh e dhomh fior dheadh theisteanas. Tha eagal orm gu 'n robh tuillidh iomguinn orm gu bhi beartach na bhà orm gu maighstir diadhaidh creidmhreach fhaotuinn. Bha mi féin-carbsach, agus am beachd nach robh cùram ann a' m' thuitéam air falbh ; agus cha robh mi idir buidh-each do Chailean agus do dh-Iscabail a bhi sior sparradh orm an aire thoirt gu 'n taghainn mo sheirbheis agus mo chompanaich, agus gun tuillidh 's a chòir dò dh-carbs' a chur á neart mo' sheasrachd féin. Cuimhnich carail an Abstoil, theireadh iadsan, "Thugadh an ti à tha smuainteachadh gu bheil e nä sheasamh an aire nach tuit è." (1 Cor. x. 12.)

Ann an ùine ghoirid fhuair mi taigse ann an teaghlaich Morfhir ro àrd. Bha 'n tuarasdal àrd, agus th' air leam nach bu chòir dhomh dhiultadh ; ach bha Caillean fad' am aghaidh dol ann. "A bheil thu 'cur teagamh ann a m' sheasrachd ?" thuirt mi ris. "Cha 'n 'eil," fhreagair e, "ach tha mi duilich t-fhaicinn a' ruith, le d' shùilibh fosgaitl', ann an lion-ribeadh."

Cha robh Iscabal dad na b' fhearr nuair a dh-innis mi mu'n chùis dh' i. "Chuala mi moran in' an teaghlaich sin," os ise, "agus tha eagal orm dhiot. Cha 'n fhaigh thu misncach sam bith bho d' mhaighstir na d' bhan-mhaighstir, oir tha droch ainm orra ; cha teid iad fein uair air bith do 'n Eaglais, 's cha mhò a dh-iarras iad air an seirbhaisich dol an sin, agus cha n-urrainn do bheannachadh De bhi 'n am measg." "'S a chùis so," fhreagair mi, "ma sheasas mi diongmhalt' bheir mi 'n tuillidh gloire do Dhia ; agus tha fhios againn gu bheil Dia a' toirt neart dhuinn a réir ar féum, agus d' ar

stiuradh a réir meud ar buairidh : agus 's i earbs' a ehuir annsan gu 'n dean e so ereideamh a bhi againn." " Tha sin eeart," fhreagair Iseabal, "'nuair a thig buaireadhl oirnn ann an eùrsa eummant ar dleasnais. 'Nuair a leigeas Freasdal Dé ann a staid eruaidh dh-flueuhainn sinn naeh b' urrainn duinn a sheaehnadhl, an sin faodaidh earbs' a bhi againn gu stiur agus gu'n gleidh e sinn ; aeli ma tha sinn le 'r làn toil d' ar tilgeadh féin ann an eunart air son buantaehd shaoghalta, eha 'n 'eil eòir againn air Freasdal stiuraidh Dhe. 'So a mùthadh a ta eadar creideamh agus an-dànadas. Cha 'n 'eil eòir idir againn air sinn fein a thilgeadh sios, agus an sin fiuthair a bhi againn gu 'n d' thoir Dia àithne d' à ainglibh d' ar taobh, an t-eagal gu 'n tilg sinn sinn fein air eloiel.

Dh-éisd mi rithe, agus m' a dheireadh thuirt mi, " Tha fhios agad, Iseabal, gu r e 's aobhar dhomhsa 'bhi ruith an tuarasdail as airde, feuoh a faigh mi beagan a ehuir eùl mo laimhe 's gu faigh sinn fuireach eomhladh." Thuirt mi so d' à eiuineachadh ; aeh thionndaidh ise m' an euairt agus thuirt i : " einnteah b' fhearr fuireach a feasd' ann am boehdain, na saibhreas fhaotuinn tre bhristeadhl dleasnais. Gidheadh, ma théid thu ann, a ghràidh a Shéumais, bithidh m' ùrnugheansa maille riut."

A ehuir à sgeòil an ath-ghoirid, seahdain bho 'n latha sin bha mi a' m' thigh muinntearais. Chia b' fhad' a bha mi ann nuair a ehuinn a mi naeh b' a mhearaclid sgeòil a fhuair mi air. Cha robh a Mòr-fhear's a Bhan-tighearna idir a' eòrdadh ; agus eiod air bith a theireadh an dùth-aih, b' iad an seirbheisieh fein bu mheasa air an eùl. Aeh tha so a sgoileadh eiontan dhaoin' eile agus leigidh mi seaehad e : 's leoир e ràdh, gu bheil eagal orm naeh b' urrainn do bheannuehadh Dé bhi 's an teaghlaeh sin.

Cha bhréug c ràdh nach deachaidh aon air-bith as an tigh sin do 'n Eaglais. Chuir misc romham dol do 'n Eaglais an ceud Domhnach na 'm b' urrainn domh ; ach bha dineir mhòr r 'a bhi againn an oidheche sin, agus ghabh e 'n là bh' uain uile ag uidhcamaichadh air a son. An t-ath Dhomhnach shaoil leam gu'n dcanain a' mach dol do 'n Eaglais, ach ghabh a Bhan-tighearna nä ceann dol am mach do 'n dùthraig, nä carbad, fichead mìle air son an àilidh, agus b' éiginn domhsa dol maille rithe. Am briathraibh goirid, bha mi còr as mios 's an tigh mun d-fhuair mi dol do 'n Eaglais ach aon fheasgar seachdaine. Cia mòr a mùthadh a bh' cedar so 'us tigh Shir Eoghainn ; an sin chaidh gach neach do 'n Eaglais gu suidhichte.

Nuair a ta òrduiglinean suidhichte Dhé mar so air an dearmad tha creideamh a chridhe a' bàsuchadh, agus do bhrigh 's nach 'eil an gràs sin a tha, trìd a thròcaire san, a' comh-imceachd òrduighnean, air an iarraidh gu h-iomchuidh na air am faotuinn, cha 'n 'eil, aig an duine, neart gu leoir a sheasamh ri deuchainn, agus an àm buairidh tha e tuiteam air falbh. Ach nuair a tha leithid so do chaillich orduechte le Dia fein, tha mi fiosrach gu 'n dean e suas an call dhaibhsan a ta gu foighidncach a' fulann. Gidheadh air mo shonsa cha robh còir sam bith agam air deadh-ghean àraidh bho Dhia, oir chuir mi mi fein an coinneamh mo chinn anns na trioblaidibh so.

Cha b' e so aon mhi-fhòrtan an tighe so. Cha robh na scirblieisich onarach, agus b' éiginn domh mo shùil a dhùnadair ioma car a dhìt mo chogais. Agus m a dheircadh air dhomh fàs sgìth do shiòr ghleachd na aghaidh, ghéill mi air uairibh do mhcalladh peacaidh. 'Nuair a chuireas sinn urrad carbs' as ar neart féin fagaidh Dia air uairibh dhuinn fein sinn, agus iarraidh e air a

dheadh Ainglean leigeil leinn, chum gu faic sinn gu r h-anfhainneachd an neart sin. Chaidh a' Mor-fhear 's a Bhan-tighearna, uair a bha sin, air chéilidh do'n dùthaich fad seachdaine, aeh dh-fhàg iad na seirbheisich uil' aig an tigh; an ùine so chaith mise mar chach ann an amайдeachd 's a faoineachd. Dh-fhuririch sinn am mach anamoch 's thug sinn companaich do'n tigh. Nuair thainig an Domhnach m' an cuairt cha deachaidh mi do'n Eaglais 's a mhaduinn, aeh chuir mi romham dol an sinn feasgar, agus theann mi mach air an t-slighe.

Air mo chéum choinnich mi cui'd do m' chomhsheirbh-eisich; dh-fhèdraich iad dhiom ean' a bha mi dol, thuirt mi gu'n robh do'n Eaglais: ghàir iad gu h-àrd, agus thuirt iad gu'n robh iadsan a dol a ghabhail lanaighir, agus gu faighinn searmon, far an robh iad a dol, aig sea uairean, far an robh ministeur ro ainmeil. Chas mo chogais riù agus sheas mi. Air dhaibhsan so fhaicinn, gheall iad nan reachainn maille riu gu'n reachadh iadsan leam do'n Eaglais, agus mar deanain so gu'm biodh agam ri freagairt air son iadsan a chumail bho aoradh. Dh-aontaich mi, mar amadan mi-sheasrach, mar a bha mi, agus dh-fhalbh mi leo. Dh-fhalbh sinn, rainig sinn an cladaich, ghabh sin bàta, agus bha sinn a deanamh air taobh 'eile'n loch; bha'n latha ro bhruich, teth: dh-fhàs sinn blàth agus pàiteach, agus thuirt fear do'n bhuitheann gu'm b' fhearr dhuinn dol air tir agus deoeh a ghabhail. Chaidh sin air tir, agus thug sinn an àird an tigh osd' oirnn 'us shuidh sinn. Air dhuinn a bli tacain a stigh thainig saighdear a stigh agus thòisich e air innseadh naigheachdan a chuir an ùin' as mo cheann gus an euala mi sea uairean a' bualadh. Chuimhnich sin an Eaglais dhomh; leum mi'n àird' agus ghlaodh mi "tha mi tuil-

lidh 'us fadalach." Ma tha, os' iadsan, le gàire magaidh, cha ruig thu leas a bhi d' chabhaig. Air a mhionaid sin bhrag buabasdair a bha 's a chuideachda mi gu gloin' eile ghabhail. Bha mi cheana beo, agus le braise, thilg mi thairis gloin' eile, agus té eile, 'us té eile, gus ma dheireadh 'm bu ghann a b' urrainn domh coiseachd na seasamh.

Innsidh mi dhuibh, ann am briathraibh goirid, am peanas searbh a thug an t-Uile-chumhachdaech dhomh gu m' thoirt gu m' mhuthachadh. Ag dol tarsuinn na sràide dhomh thuit mi, 's air do dh-each bras a bhi dol seachad 's an àm bhuail e droch blreab orm, a bhrist mo ghairdean cearr, agus a chuir mo leas as an alt. Cha 'n 'eil' cuimhn' agam air dad tuillidh gus an d'-fhosgail mi mo shùilean seachranach air ballachan tighe-ciridinn nan tinn. Bha léigh lamh rium a chur eeart mo laimhe, agus mis a' fulann gu goirt fo gheur chràdh cuirp, agus trom agartas cogaise.

'S iomadh oidhche phiantail a chaith mi gun fhois ann a searbh flulannas cuirp agus inntinne. Aon là, an déigh a leithid so do dh-oidhche, thuit mi ann an eleò cadail : bhruadar mi 's th' air leam gu 'n robh mi ann a fàsach loisgeach, air mo thiormachadh le tart 's gun bhoin' uisge ri fhaotuinn. An ùine ghoirid mhùth mo bhruadar, agus th' air leam gu 'n robh mi 'g ionnlaid mo chinn ann a sruthan fionnar uisge ; an dara h-uair shaoilinn gur i mo mhàthair mhìn a bha erom bh'os mo cheann, an uair eile aingeal ; ach air dhomh mo shùilean fhosgladh eò chunnaic mi ach m' Iseabal shèamh erom bli'os mo cheann, agus dhùin mi gu h-calagh iad le nàire.

'S ise thug fionnaireachd do m' cheann buaireasach teth. Cha tubhaint i rium gu 'm b' ole a rinn mi ; cha do chuir

i m' chuimhn' à comhairle, ach chagair i ann a m' ehluais na briathran taitneach, "A Dhe Uile-chumhachdaich agus shior mhaireannaich, leis nach fuathach ni air bith a rinn thu, agus a tha maitheadh am peacannan dhaibhsan uile a ta aithreach; cruthaich agus dean annainne eridheachan nuadh agus aithreach, chum, air dhuinn d' a rìreamh a bhi caoidh ar peacannan, agus ag aidmheil ar truaighe, gu faigh sinn bh' uatsa, Dhia nan uile thròcairean, làn fhuasgladhl agus mhaiteanas, tre Iosa Chriosd ar Tighearna." Agus an sin thuirt i, "Oh Dhe, is iad do nàdur agus do bhuaidh a bhi do ghnàth tròcaireach agus a toirt maitheanais, gabh ri 'r n-aehanaich ùmhail; agus ge d' a tha sinne air ar ecangal agus air ar euibhreahadh le slabhruidh ar peacannan, gidheadh deanadh truacantas do mhòir thròeaire-sa ar fuasgladh, airson onair Iosa Criosd, ar 'n Eadar-mheadhonair agus ar Feartagraidh." Na dhéigh so chaidh i thairis air te na dhà do na Saiml. Thuirt i riùm gun a bhi da m' agairt fein, a bhi foighidneach, agus gu 'm bithinn gu math an àine ghoirid. Na dhéigh sin dh-fhag i mi agus chaidh i gu Ministeir an tighe, a dhiaarraidh air è bhi cho math 's gu scalladh e m' dhéigh. An duino math caomh! fo laimh san thainig mi gu bhi d' a rìreamh aithreach, agus a thoirt fainear a chràidh a bha mi 'fulann mar pheanas toillteannach.

Fad dà mhios bha mi anns an tigh-eiridinn so. 'S an àm so bha bràthair ionmuinn m' Iseabail, Cailean, sinnte air leaba trioblaide. Chaidh ise, mar aingeal frithelaiddh, bho flear gu fear againn, gun fhois gun ghearan. Ciod air thalamh a ta coimeas ri foighidinn agus misneach boireannaich!

Cho luath 's a fhuair mi mach leum mi gu taobh leapa Chailein. Cha do mhaoigh e mo ghiulan orm a thug



uidhir do chràdh dhà fein agus do dh-Iseabail, ach shìn e 'lannh maitheanais dhomh. Cha robh e beo aeh beag ùine na dhéigh sin.

Cha chuir e iongatas oirbh a chluinntinn gu 'n do chaill mi mo thigh-muinntearais ris a so. Gidheadh bha mi taingeil do Dha Uile-chumhaechdach, agus fior iriosal ; th' air leam gu faod mi ràdh gu 'n d' rinn mo sgioradh feum dhomh.

Le comhnadh dheadh chàirdcan eha robh mi fada gus an d' fhuair mi àite maille ri duin' uasal euslainteach air an dùthach. Bha 'n duin' uasal so cho teann air teisteanas Criosduidh ionlan 's a b' urrainn duine bàsmhor a bhi. Cha tugadh ni sam bith air fuireach á tigh Dhé ; agus bha e daonnaン caoimhneil ris na bochdaibh ann a facal 's an gniomh. Bha e ro dhéigheil air léughadh, agus ait' air bith a smuaintieheadh e bhiodh gu féum dhomhsa, léughadh e 'm mach e.

Am b' iongatach gu 'n d' thainig mi, na leithid so do chonaltradh, uidh air n-uidh, gu meudachadh irioslachd agus stéidh !

Bha mi goirid bho bhliadhna anns an tigh so, 'nuair, air latha araidh, a dh-fhiosraich e dhiom sgeula mo bheatha : dh-innis mi dha e agus dh-ainmich mi mo mhàthair ghaoil dhà. An sin fhreagair e, " Sheumais, 's amhuil a chùis anns gael staid beatha ; 's amhuil gràdh agus bean-nuchadh màthar anns gach staid. 'S ann bho m' mhàthair a fhuair mise na leasain agus an teagast sin a stéidhich mo shonas fad mo bheatha. Ach, a Sheumais, tha mi ro thoileach m' colas a chuir air do mhaoi. Ciod i do bharail mu thigh a gheata agams' a ghlanadh 's a chuir an òrdugh, agus do bhean a thoirt a chumail a gheata ?" An ruig mi leas mo bharail innseadh ? Chuir mi na h-uile

rud an òrdugh gun dàil, sgrìobh mi gu Iseabal ; agus an gle bheag ùine, bha i fèin 's a màthair a thug i leatha 's a chum sinn gu là a bàis, suidhichte na dachaidh ùir, agus rinn mo dheadh mhaighstir a sàr bheatha.

Bha sinn a nis làn shona, agus, tha dochas agam, taingeil do'n Uile-chumhaechdach air son meudachd a throcaire dhuinn. Cha 'n urrainn domh Iseabal a mholadh na's fhaide na ràdh, gu 'n d' thug i barrachd mar mhnaoi phosda air gach deadh mheas a bh' agam riamh oirre. Bha i mar aingeal freacadain dhomhsa ; daonna a' brosnachadh math 's a casg an uile. Theireadh i gu 'n robh mise 'm flear-iuil 's a' m' chomhairliche dh' i ; cha b' urrainn domh so a thuigsinn, ach theagamh gu 'n robh. Creideann gu faod fear 'us bean phosda a cheile chomhnadh ann an dleasnas creidmheach co math ri seadh eile ; le 'n comhairle, agus gu h-àraid le 'n ùrmuighibh. Agus an uair a tha dlighe' gach aoin diubh air a thuigsinn, 's air a thoirt fainear, agus riaghlaadh ceart 's an teaghlaich, tha 'm pòsadh na rud naomh. Ach ma tha 'n còraichean faleith air an dearmad, tha so a' cur na cùise thar a chéile mar gu 'n iarradh a ghealach soillseachadh 's an là, agus a ghrian 's an oidhche.

Cha d' éirich a leithid so riamh 'n ar measg-ne ; bha sinn làn shona agus ma dh-éirich bròn na trioblaid dhuinn uair air bith, bha daonna comh-iochd againn r' a cheile, a' comhnadh càch a chéile gu ghiulan. Bha mòr mheas aig ar deadh mhaighstir air Iseabail ; bha i daonna deas a dhceanamh math : daonna ullamh gu aoinadh le iarrtuis chaich, agus gu h-àraid le m' mhiann sa, ach ann am mearachd cha ghabhadh i lùbadh. Gheibhte daonna aig an tigh i ; b' i dachaidh a h-aoibhneas : cha 'n fhuiligeadh i céilidh dhiamhain na gabhann ; 's cha 'n fhaicte an

tighibh nan eoi 'earsnach i ach aig gairm trioblaid, éiginn, na comhnaidh.

Ach 's e àm bu shona d' ar beatha gu léir an déigh breith ar giullain. Tha eagal orm gu 'n toir sibh faincar e mar fhaoineachd athar ma their mi gu 'n robh e na leanabh maiseach, agus gidheadh th' air leam nach 'eil mi 'm mearachd. Bu mhòr mo gràdh do 'n ghiullan sin ! B' e fior iomhaigh mo mhàthar è, 's cha ruig mi leas tuillidh a ràdh.

Mo ghiullan àluinn ! Cha do chuimhnich mi innseadh dhuibh gu 'n do sheas mo dheadh mhaighstir na oide d' ar leanabh aig a bhaisteadh, agus b' fhirinneach a choilion e na bòidean a thug e ann a' sin. Bha c daonnan deas gu 'r cuideachadh ann a foghlum a ghiullain, agus is glan a phaigh an giullan gaolach ar eùram, oir cha do sheall grian riabh air leanabh bu dicasnaiche agus a b' ùmhaile. Cha d' fhuair mi riabh am mach a' m bréig e ; bha c daonnan teo-chridheach, agus euramach m' ä sgoil. 'S i 'n aon choire bh' againn dà gu 'n robh e rud-eigin bras 'nà nàdar, a bha air uairibh duilich a cheamsachadh.

Bha e mar gu 'm bithinn a risd a dol thairis air aois m' dige fein, a bhi faicinn mo nhic ri taobh a mhathar a faighinn an deadh theagaisg sinn a sparr mo mhàthair fein ormsa cho trà : agus iomhaigh mo mhathar a lorgachadh anns gach cruth d'a aodann maiseach. 'S i 'n eeud deuchainn a fhuair Iseabal na dhéigh so bas a' màthar. Bha sinn uile duilieh air a shon so, ach aig a h-aoise-sc dh-fhaoide teuthair a bhi ris.

Fad iomadh bliadhna na dhéigh sin bha ar beatha gun smuairean, aeh nuair a ghabh ar giullan a ghriubhaech, 's a ghabh sinn eagal gu 'n cailleamaid e ; aeh thainig e bh' uaithe 's rinn sinn aobhneas umhail. 'S e 'n t-ath mhi-

fhortan a thainig oirnn, bàs ar deadh mhaighstir. Chaith e as uidh air n-uidh, agus ghoid am bàs air mar chadal séamh 's chuir e anam gu fois. “ ’S beannuichte na mairbh a gheibh bàs anns an Tighearna, oir tha iad aig fois bho ’n saothair agus leanaidh an oibrean iad.”

Chruinnich na bantraichean 's na dìleachdain, a chum e suas, m' an cuairt d' ä uaigh, 's thaom iad an deoir mar chuimhneachan air ä lichd ; agus aig Dia tha brath gu faodamaid uile gal. Bha mo mhac cho tùrsach 's gu saoileadh sibh gu 'm bristeadh e 'chridhie, agus uair na dhà a dh-ionndraich sinn e, fhuair sinn e 'na shuidhe air uaigh ar deadh mhaighstir a' gal gu goirt.

Shuidhich mo mhaighstir caoimhneil dà fhichead pùnnnd sassunnach 's a bhliadh'n' ormsa ré mo bheatha ; agus leis a so agus beagan 'eile bli' againn chuir sinn suas bùth, agus chum sin ar mac, a bha nis mu ochd bliadh'n'-deùg a dhaois, d' ar cuideachadh.

Fad ghrcis chaith sinn mar so ar 'n aimsir ann a sonas ; shoirbhich ar malairt leinn, agus bha sinn mòr as ar mac. Bha fior aobhar againn air a bhi mar so. Bha e dicheallach, stuama agus dleasnach d' ä phàrrantaibh ; bu ghlie an ràdh sin, “ teagaisg leanabh anns an t-slighe 's an tigeadh dha imeachd, 's an uair a thig e gu aois cha tréig e i ;” cha do chailleadh dad do 'n teagastg a thug sinn, cho cùramach, do 'n ghiullan ionmhuinn so, air. Shuidhich sinn stéidh ar n-uile theagaisg air colas agus eagal Dé, agus ghuidh sinn gu dùrachdach, gach là, air Dia ar toirt air ar n-aghaidh le shior chomhnadh san. Chaidh ar n-ùrnuighean éisdeachd 's ar n-oidheirpean a chomhnadh, oir bha do shonas againn, gu faca sinn ar leanabh gach là a fas suas gu làn choi'liontachd Criosduidh.

Na togaibh am mearachd mi ; cha 'n 'cill mi idir a' ciall-

achadh gu 'n robh ar mac gun fhailinn. Bha an fhainneachd naduir soilleir annsan mar neach sam bith eile, agus 's fior a tha phong sin d' ar n-Eaglais ag ràdh, "tha galar nàduir a fuireach, seadh, annnta san a ta air an ath ghinmhinn." Ach c'uin air bith a reachadh e bheag no mhor am mearachd, bu taitnachd dùrachd aithreachais fhaicinn, agus dicheall oidheirp air buaidh a thoirt air aomadh nàduir, agus anns a bhuaidh so bha e meudachadh gach là.

Tha aon rud agam r' a ràdh mun co-dhuin mi agus 's e so e. Tha e na mhearrachd mòr a smaointeachadh nach urrainn do dli-fhior mhuthachadh trom creidimh dol làimh air làimh maille ri subhachas agus aiteas na h-dìge. Tha mi lan chinnteach nach *ruigear a leas* an trusgan geal neo-chiontachd leis a bheil an t-òg air a sgeadachadh aig a Bhaisteadh a chall, ged a gheibhear ann gach miann agus déidh air an aiteas agus a chluich a bhuineas do 'n aois shona sin. Air son mo ghiullain féin bha è cho stèidheil agus cho suidhichte agus cho bunailteach aig àmaibh ùrnuigh ris a Mhinisteir fein, agus cha 'n fhiosrach mi gu 'n robh e riamh ciontach do chainnt thruaillidh: nä lag-oige gheibheadh e teamn pheanas nan deanadh e sin, agus air dha tighinn gu innbhe duine dh-ionnsuich e eagal a bhi aige roimh làimh sinachdachaidh eile. Bho' chùram mu' dhleasnas creidimh, thug a chompanaich a frith-ainm, Naomh, air gle òg, aeh air a shon sin cha do thachair òganach riamh orm bu shunndaiche no na bu chridheala na e.

B' amhuil ar mac gaoil; cha ghabh sibh iongatas ge d' a bha ar eridheachan suaint' ann. Agus a nis feumaidh mi ruith thairis air a chuid eile d' a m' sgeula, oir aig an àm so tha e fas cràiteach r' a aithris. Ach mun crìoch-naich mi their mi so. Tha Dia ag éisdeachd ùrnuigh, agus

d' a freagairt ; ach tha e d' a freagairt air a dhoigh féin, 's cha 'n ann daonnan air ar dòigh-ne. Tha e air iarraidh oirnn "ar slighe carbsa ris an Tighéarna, ar dòchas mar an ceudna 'chuir ann agus bheir esan gu crich i." Ach eha tabhair e daonnan gu crich direach mar bu mhianú leinne. nä ghliocas neo-chriochnaichte tha esan air uairibh a faicinn gn bheil a ni sin chum math dhuinn, romh bheil géilt againn. Nochd mi dhuibh cheana cia mar a fhuair ùrnuighean mo mhàthar chrabhaich as mo lethi freagairt ; eionnas a chum Freasdal tròcaireach fair' orm ré mo bheatha ; da m' dhòn fo sgéith ann an uireasbhuidh aimsireil, agus da m' chumail suas ann an deuchainn 's ann am buaireadh. Cha do leigeadh dhomh riamh cùl a chuir ris an Dia sin d' än tug mo mhathair thairis mi ; oir ge d' a bha m' aomadh gu peacadh agus cùl-sleamhnachadh tric, gidheadh chum neart e scimpleir bho 'n taobh a' mache (gniomh Freasdail guin teagamh) daonnan mi bho thuiteam air falbh gu h-iomlan : agus a nis thainig mi gu sean aois abaich. B' amhuil an fhreagairt a fhuair ùrnuighean agus teagast mo mhàthar. Bha sinne mar an ceudna ag ùrnuigh air son ar leinibh, agus dh-eisdeadh ruinn, ach air caochla dòigh ; chunnaic Dia iomchuidh a seann stoe mos-gain a chaomhnadh, ach a faillean òg a chinn as a ghearradh iosal ; agus eò aig am bi dhàandas a ràdh nach b' i thoil-san a b' fhéarr.

Cha n'-eil teaganbh agam nach 'eil an t-amhghar a ta agam a nis r' a innseadh dhuibh 's an amhare agaibh, agus feumaidh mi bhi goirid leis. Air samhradh marbhtaich àraid thainig a fiabhrus dearg, gu ro throm m' an euairt ; thainig e shealltuinn air ar fàrdaich-ne, agus leag e ar mac àluinn iosal air leaba tannis. A dh-oidhche 's a là bha mo bhean thruagh crom air an leabaidh ghalaraich, ag faire

agus ag eiridinn le iomguinn màthar a chusbair bheadraich a bha na laidhe innse. 'S gann a ghabhadh i fois fad uaire comhladh, a là 's a dh-oidhche gheibhte r' ä thaobh i. 'S fhad a thug sinn gun fhois eadar dochas agus eagal, a' gal, ag ùrnuigh, 's à faire 'spairn chruaidh na teasaiche; agus aon uair shaoil leinn gu 'n tugadh c buaidh oirre: aeh chunnaic Dia atharrach so iomchuidh. Mar a nochd e, le ùmhlaichid agus measarrachd, spiorad Criodail nä shlainte, 's amhuil a dh-fhoillsich c a spiorad Criodail ecedna nä thinneas le foighidinn agus ciuineachd; bha c iriosal agus taingceil, cha d' rinn e gearan riamh. Agus ge d' nach robh e deas gu labhairt mu fhaireachdain ùaigneuch, agus mu fhéin-fhiosrachadh, mar as nòs le euid, gidheadh tha 'n dearbhadh as fearr agam bho 'n Mhiniesteir, a bha d' ä fhrithealadh air leab' ä bhàis, gu 'n d' rinn e aithreachas diongmhalt air son peacannaibh òige, agus gu 'n robh làn carbs' aig ann an toillteannas a Shluainigh' ir. Agus an uair a ghabh a Ministeir air fein dleasnas cruaidh na firinn chràitich sin innseadh dha, gu 'n robh am bàs aige, lùb e 'checann mar chomharradh ùmhlaichd, agus bha bhriathran air an cuir an eéill do Dhia a mhàin. Ghabh e 'n Comanachadh Naomh, agus bho 'n àm sin am mach, elia do labhair e ach ro bheag, ach bha ghnuis gu soilleir a' nochdadh gu 'n robh e 'g ùrnuigh do ghnà; agus air d' ä uair tighinn phaisg e dhà laimh air uehd, agus, le fiamh-ghàire neamhaidh, thug e suas a Spiorad.

Cba tabhair mi oidheirp air mo staid air an àm sin a chuir an céill duibh. Tha mi tuigsinn gu 'n do bhrist aon sgàil cruaidh-chràidh bh' uam 's mi cròm thairis air corp marbh mo mhie, agus thug guth sèamh m' Iscabail mhìn d' a m' ionnsuidh fein mi. Chuir i a' m' chuimhne ar creid-camh, aiscirigh a chuirp a bha sinn gaeh là ag aidmheil,

agus Cuideachda bheannuichte na Naomh 's an robh ar leanabh gaoil a nis air àireamh, Chuir i m' chuimhne 'n Ti sin a bha Fhallas na bhoinnean Fala, agus dh-aidich sinn gu 'n do ghiulain esan amhgar moran bu truime air ar son-ne, na ghairmeadh oirnne a ghiulan air a shon san.

Bha mi 'm barail gu 'n robh mo chopan làn an sin, ach cha robh. 'S ann air Di'-Sathuirne a chuir sinn ar mac do 'n Chill, agus air an ath Dhi'-luain leag an teasach loisgeach, a dhcoghail i bhó bhilbh à leinibh gaoil, m' Iscabal. Agus, a chur a sgeoil an ath-ghoirid, chunnaic seachdain eile 'n duine gun slioehd nä bhantraich.

Chuala sibh a nis mo sgeulachd chràiteach. Ghreas mi thairis air a chuid so m' a dheireadh dh' i, oir tha i piantail r' a h-éisdeachd. Theagamh gu 'm bi m' fhein-fhiosrachadh-sa gu beagan feum dhaibhsan a dh-éisd rium agus ma bhitheas cha d' innis mi mo sgéul an diamhanas. Tha dòchas agam gu 'n d' oiléanaicheadh m' imitinn, agus gu 'n d' fhòghluim mi gun bhròn a dheanamh mar neach gun dochas; ni h-eadh an déigh urrad do shonas aimsireil a shcilbheachadh, bhiodh e na níhearachd mor gearan a dheanamh gu 'n tug an Tighearna, 'thug seachad, mar an ceudna air falbh. Chaith mi bliadhna chan deireannach mo bheatha ann an cuimhneachan air sonas a chaidh seachd, agus ann an dòchas foighidneach ri glòir ri teachd; agus tha nis fior fhadal orm a bhi maille ris an triuir a tha fuireach rium.

A thaobh mo leinibh, thuirt mi ehcana, gu bheil mi ercidsinn gu 'n d' fhuair m' ùrnuighnean as à leth làn fhreagairt; cha 'n ann theagamh mar bu mhiann leamsa ann a' m' amaideachd, ach anns an dòigh a b' fhearr air a shon san. B' i mo mhiann gu 'n tuigeadh gach pàrant, a dh'-fhiosraichear mar a rinneadh ormsa, so; gur h-e toirt air falbh a chuspair ionnuinn "bho 'n ole a ta ri teachd,"

freagairt nan ùrnuighean sin a shaoil leo nǟn cràdh a chaidh a dhì-chuimhnachadh. Oh cinnteach is sona 'ni e bàs fhaighinn òg ! mu spiol méur coirbte 'n t-saoghal am blàth bharr a mheas samhraidh.

Agus a nis, a chàirdean caoimhneil, tha mo sgeula criochnaichte. Tha mi sona agus toilichte anns an fhardaich so. Tha greis bhliadhnachan bho 'n a sguir mi do mharsanntachd, agus tha mi tighinn beo cedar na chuir mi cùl mo làimhe 's na dh-fag mo dheadh mhaighstir agam. Thug iarrtas làdir air mo laithean dcireannach a chaith-eamh anns a bhaile 's an d' rugeadh mi orm tighinn a' so ; agus 's i mo mhiann, an t-aon mhiann a dh' fhuirich agam a nis, gu 'n càrcar 'mi, an déigh mo bhàis, an duslach mo shinnsireachd ri taobh na màthar sin, as leth a h-eadar-ghuidhe 's a teagaisg, a tha mi eur, fo làimh Dhe, gach beannachadh a tha mi a' seilbheachadh. Am beagan airgid a chuir mi seachad tha mi 'eur romham gu 'n toirear e, an deigh mo bhàis, do 'n Eaglais sin a ghabh à tobar mi 's mi m' naoidhean, agus nǟ h-uchd a ghabhas mo chnaimhean agus mo dhuslach fois gus an dùisg mi risd.

Nuar a sguir a' Seann Duine do labhairt bha tost iomlan 'n ar measg, agus cha b' àill leam a bhristeadh, oir bha mi smuainteachadh gu 'n robh gach neach a bha làthair ann an trom bhreathnachadh naomh. Fa' dheoidh dh-éirich mi ghabhail mo chead, agus ag dealachadh rug mi gu teann air laimh an t-Seann Duine agus chagair mi le m' uile chridhe ris, "Gu 'm beannuicheadh Dia thu." Ag tilleadh dhachaidh gu h-athaiseach dhomh, chuir mi romham an toilcachadh agus na leasain a fhuair mi a cho'-pairteachadh ruibhse.

Agus a nis, a chlann, thug mi dhuibh na chuala mi, agus tha mi' 'n dòchas gu faigh sibh buantachd ann. Oidhche mhath dhuibh, agus gu 'n robh Dia maille ruinn uile.





6-11-89

